



# FIOS GU NA MEADHANAN

## SIANAL ÙR AIRSON NA H-ALBA

Airson sgaoileadh sa bhad – 15 Sultain 2008

Tha **BBC ALBA** – an sianal telebhisein ùr Gàidhlig – air am pasgan de phrògraman a thèid a chraoladh air a’ chiad oidhche den t-sianal, air **Dihaoine 19 Sultain aig 9f**, fhoillseachadh an-diugh.

Thèid an sianal beò le tionndadh ùr den òran ainmeil le **Runrig, Alba**, air a chlàradh as ùire gu sònraichte airson an tachartais le daoine ainmeil mar **Karen Matheson** à **Capercaillie**, **Tony Kearney** à **River City** agus seinneadairean traidiseanta **Art MacCormaig** agus **Cathaidh-Anna Nic a’ Phi**. The clann-sgoile Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu cuideachd sa bhideo.

Bidh toiseach an t-sianail ga chomharrachadh le tachartas craolte beò – cuirm-ciùil shònraichte bhon Eilean Sgitheanach le **Màiri Anna NicUalraig, Julie Fowlis, Skippinish** agus luchd-ciùil eile – agus le tachartas mòr ann an Dùn Èideann.

As dèidh seo chìthear dràma ùr **Eilbheas**, suidhichte ann an Leòdhas sna 1970-an agus le **Greg Hemphill** ann mar Elvis, agus prògram a tha a’ measgachadh dràma is aithris, **Peter Manuel – Deireadh an Uilc?**

Bidh BBC ALBA – co-bhanntachd eadar MG ALBA agus am BBC – a’ craoladh phrògraman sònraichte aig àrd ìre ’s air an dèanamh ann an Alba.

Bidh an sianal air an adhair airson suas gu seachd uairean gach latha, ’s bidh e a’ craoladh:

Prògraman aithris

Spòrs

Ceòl is cur-seachad

Naidheachdan gach latha

Gheibh prògraman ainmeil mar *Eòrpa, Dè a-nis?* agus prògraman chloinne Cbeebies dachaigh ùr air BBC ALBA, agus bidh iad a’ leantainn air BBC2 cuideachd.





**Air Sky 168 agus Freesat 110  
a' tòiseachadh  
air 19mh Sultain 2008**

**Ceist: Cuin a bhios na prògraman gan craoladh, agus dè seòrsa phrògraman a bhios ann?**

Air a' chiad oidhche (19mh Sultain) bho 9f bidh cuirm ciùil ga craoladh beò bhon Eilean Sgitheanach, agus as dèidh sinn chithear drama ùr, *Eilbheas*, suidhichte sna 1970-an ann an Leòdhas agus le Greg Hemphill na phrìomh character, agus prògram dràma/aithriseil, *Peter Manuel – Deireadh an Ùilc?* le Anndra Clark.

Bidh BBC ALBA air an adhair a h-uile latha bho 5f gu anmoch air an oidhche. Chi thu

spòrs de dh'iomadh seòrsa

naidheachdan

prògraman chloinne

aithris is cur-seachad airson sean is òg

Bidh tòrr ann a chòrdas ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus ri daoine aig a bheil ùidh ann an ceòl, cànan is cultar.

Bidh spors a' toiseachadh air a chiad dheireadh sheachdain (Disathuirne 20mh) agus

